

Measadh aig Taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd

Tha Taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd mar phàirt de sheirbheis Foghlaim, Cultar is Spòrs Chomhairle na Gàidhealtachd agus 's e ar n-amas "**deagh sheirbheis a thoirt seachad a bhrosnaicheas ionnsachadh agus toilinntinn dhan h-uile duine.**"

Tha sinn faiceallach mu ar dealas dhan luchd-amais agus nì sinn nas urrainn dhuinn gus seirbheis nas fheàrr a thoirt dhan luchd-cleachdaidh.

Tha measadh na phrìomh dhòigh aig Taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd airson faighinn a-mach dè tha luchd-cleachdaidh a' saòilsinn dhen t-seirbheis againn agus na leasachaidhean a tha iad ag iarraidh.

Tha sinn ag ràdh na leanas sa Phoileasaidh Ionnsachaidh is Inntigidh againn:

Tha seirbheis nan taighean-tasgaidh dealasach gu bhith ag obair còmhla ri luchd-cleachdaidh, agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith a' cleachdadh na seirbheis, gus cothroman ionnsachaidh a leasachadh a bhios freagarrach orra. Tha seirbheis nan taighean-tasgaidh ag amas air seirbheis a tha mothachail air na coimhearsnachdan a tha i a' frithealadh. Cleachdaidh na taighean-tasgaidh innleachdan measaidh cuideachd airson a bhith cinnteach gu bheil sinn a' tabhann na seirbheis as fheàrr as urrainn dhuinn.

Dè tha seo a' ciallachadh dhan luchd-cleachdaidh?:

○ Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air luchd-tadhail pàirt a ghabhail sa mheasadh le bhith a' lionadh ceisteachan, a' dèanamh agallamh ghoirid, le bhith nam pàirt de bhuidheann-sgrùdaidh no de cho-chomhairleachadh. 'S dòcha gun iarr sinn ort tachartas no gnìomh shònraichte a mheasadh, no pàirt shònraichte dhen t-seirbheis mar taisbeanadh, an cafaidh no a' bhùth.

○ A bharrachd air measadh a tha sinn fhèin a' cur air dòigh, tha sinn cuideachd a' cur fàilte air beachdan, an dara cuid ann an leabhar nam beachdan no le bhith ag innse dhan luchd-obrach. Inns dhuinn dè as toigh leat, no dèan molaidhean air ciamar a dh'fhaodamaid an t-seirbheis a dhèanamh nas fheàrr.

Tha dà adhbhar air cùl measadh san taigh-tasgaidh – tha e a' sealltainn dhuinn dè a' bhuidheann a th' aig an taigh-tasgaidh air luchd-cleachdaidh agus tha e gar cuideachadh a' leasachadh na seirbheis againn ann an dòighean a fhreagrais air an luchd-cleachdaidh.

Tha sinn an dòchas gum faic thu buannachd a' phròiseas ri tìde.